

**Beachdan air dreachd
Phlana Nàiseanta na Gàidhlig
Samhain 2006
Domhnall Uilleam Stiùbhart**

Mar thoiseach tòiseachaidh, tha mi airson meal-a-naidheachd a chur air an dreachd seo. Tha na Gàidheil air a bhith a' feitheamh airson plana de'n leithid seo airson iomadach bliadhna, agus tha e a' toirt togail dhomh fhaicinn gu bheil beachdan làidir susbainteach 'na lùib. Tha mi a' guidhe gach uile soirbheachadh dha muinntir a' Bhùird leis a' Phlana, agus tha mi'n dòchas gun gabh sibh mo leisgeul 's mi air uaireannan cho briathrach, agus gun teagamh ro bhriathrach.

Feallsanachd

Mur a h-eil an cànan buileach air uchd bàis, tha an cunnart ann nach bi ann dheth ann an còig no deich bliadhnachan ach, mar a chanas an dreachd fhéin, 'cànan cur-seachad' [*Plana*, 19] aig grunnan, a' mhór-chuid dhiubh anns a' bhaile mhór, agus cànan ìomhaigheach – *symbolic language* no *ritual token* – do'n chòrr: *slàinte mhath*, *ceud mìle fàilte*, *Fhir a' Bhàta*, agus *Brochan Lom*. Mur an soirbhich leis a' Ghàidhlig mar chànan coimhearsnachd 's i 'ga bruidhinn gu làitheil, gu poblach, gu fosgailte, gu siùbhlach, gu nàdarra, anns na sgìrean a tha fhathast gu ìre air choireigin Gàidhealach – fìor chridhe a' chànan – chan eil mòran an dàn dhi ach a bhith 'na cur-seachad prìobhaideach, cànan liutach glugach briste a bhios cearcall beag de sheòid a' feuchainn ri labhairt bho àm gu àm.

Ma tha aon rud a dh' ionnsaich mi bho'n bheagan obrach a rinn mi air Gàidhlig, agus bho còmhraidhean ri Gàidheil thairis air na bliadhnachan, 's e sin gur e nàdar de dh' inneal-giùlain a th' anns a' chànan: tha cultaran, dualchais, eachdraidhean, creideamhan, dòchasan agus seallaidhean na coimhearsnachd fuaighte ann, cho math ri seallaidhean pearsanta cuideachd. A thuilleadh air fuaimnean, briathran, agus riaghailtean gràmair, tha cridhe agus anam anns a' Ghàidhlig cho math. Anns na connspaidean agus an deasbaireachd a tha romhainn, tha mi'n dòchas nach téid sin air dhìochuimhn'.

Molaidhean

***Plana*, 15**

Spionnadh: Coimhearsnachd

Nach bu choir sceama luchd-brosnachaidh cànan air nòs *mentrau iaith* na Cuimris a chumail suas gu cunbhalach anns na sgìrean? Far an deach sceama de'n leithid seo a chur air bhonn roimhe air a' Ghàidhealtachd, tha e air a bhith gu math soirbheachail. Mar sin:

Meudachadh, le cùl-taic oifigearan-cànain ionadail, ann an àireamh, measgachadh agus sgaoileadh cur-seachadan coimhearsnachd Gàidhlig-mheadhanach agus anns a' chom-pàirteachadh aca

Increase, with the support of local language-mentors, the number, diversity and distribution of, and participation in, Gaelic-medium community activities

Plana, 17**Faclair na Gàidhlig**

Mholainn gum biodh am Bòrd a' toirt àite am measg nam Prìomh Bhuidhnean do dh' Fhaclair na Gàidhlig. Tha cruaidh-fheum aig a' Ghàidhlig – agus gu dearbh aig cànan sam bith a tha a' tagradh inbhe – air faclair eachdraidheil ùghdarrasach, agus na faclairan beaga agus na goireasan air-loidhne a thig 'na lùib.

Plana, 27 air neo 29**Foghlam: Bliadhnaichean Sgoile; air neo Foghlam: Stòrais Foghlaim**

Mar a chì sinn anns na sgoiltean, chan fhiach an cànan as aonais cultar agus eachdraidh air a chùlaibh. Airson seachd bliadhna thathas a' teagasg na cloinne cruach de dh' fhacail Ghàidhlig agus dhà no trì riaghailtean gràmair, agus an uair sin tha sinn a' gabhail iongnadh carson a chuireas iad cùl ris a' chànan cho luath 's a ruigeas iad an àrd-sgoil. Cha dèan math dhuinn feuchainn ri cleachdadh cànan a bhrosnachadh, am measg na h-òigridh gu h-àraid, mur a h-eil daoine a' faireachdainn gu ìre air choireigin 'Gàidhealach' cuideachd: 's e sin, gu bheil iad a' faireachdainn dàimh air choireigin ris a' chànan, ris a' chultar, ris a' cheòl, ris an eachdraidh – agus cuideachd gu bheil iad a' faireachdainn dàimh air choireigin ri'n co-Ghàidheil.

Ma tha sinn da-rìribh airson an cànan a bhrosnachadh, feumaidh sinn an cultar a bhrosnachadh cuideachd. Feumaidh sinn Gàidheil a chruthachadh, an àite 'luchd-bruidhinn na Gàidhlig'. Ma tha iad gu bhith a' bruidhinn Gàidhlig fad am beatha, feumaidh féin-ìomhaigh no *identity* Gàidhlig làidir mhaireannach a bhith aig a' chloinn bho'n òige, rud nach eil aig a' mhór-chuid dhiubh an-dràsda.

Bho'n taobh seo, chan ionnan idir suidheachadh na Cuimris agus suidheachadh na Gàidhlig, agus air an adhbhar sin feumar a bhith faicilleach le bhith a' toirt thairis bheachdan gu dìreach bho phlana na Cuimris. Anns a' Chuimrigh, tha cànan agus cultar na Cuimris – agus gu dearbh *cuimhne* na Cuimris – aig cridhe féin-ìomhaigh na dùthcha: agus mar sin tha iad freumhaichte ann an curraicealam-sgoile na dùthcha. Tha an aon rud fìor ann an Éirinn. 'S urrainn dha muinntir na Cuimris agus muinntir Ghàidhlig na h-Éireann déiligeadh ri gnothaichean-cànain a-réisde gun a bhith a' gabhail cus uallach mu gnothaichean cultair no mu gnothaichean féin-ìomhaigh, chionn tha cultar, cuimhne, agus féin-ìomhaigh a' mhion-shluaigh air an dearbhadh (*justified*) gu follaiseach agus gu 'nàdarra' aig ìre na dùthcha, aig ìre na stàite.

Ann an Alba, ge-tà, tha sgeul a' chaochlaidh ann. Tha Gàidhlig, agus cultar agus eachdraidh nan Gàidheal air an iomall: chan eil móran guth air a' Ghàidhlig ann an curraicealam nan sgoiltean ach a-mhàin a-thaobh Bhliadhna Theàrlaich agus nam Fuadaichean. As aonais an inbhe nàiseanta seo, tha e tòrr nas duilghe féin-ìomhaigh a' mhion-chànain againne a chumail suas – chan eil i buileach 'nàdarra' chionn chan eil i mar phàirt de dh' ìomhaigh na dùthcha, mar phàirt de'n chuimhne nàiseanta mar gum biodh. Air sgàth sin, as aonais taic 'nàdarra' ideòlas na stàite feumaidh Bòrd na Gàidhlig tòrr a bharrachd uallach a gabhail de chultar na Gàidhlig – eadhan le bhith a' cumail suas féin-ìomhaigh Ghàidhlig agus a' brosnachadh cuimhne nan Gàidheal! – na dh' fheumas na Cuimrich agus na h-Éireannaich. Tha sin a' ciallachadh cuideachd nach urrainnear dìreach eadar-theangachadh Gàidhlig a chur air curraicealam-sgoile nàiseanta na h-Alba, agus a bhith cinnteach gun sàsaich e iarrtasan agus feumannan nan sgoiltean, na tidsearan agus na sgoilearan Gàidhlig. Tha amharas mór orm, ma tha sinn da-rìribh mu fhoghlam Gàidhlig, gum feum sinn an uair sin curraicealam

Gàidhlig, bho shealladh nan Gàidheal, a chruthachadh. Seo na chanas Boyd Robasdan:

Mar fhear a tha a' teagasg Eòlas Ceiltis do fho-cheumnaich agus do dh' iar-cheumnaich, tha e na chùis nàire agus iomagain cho beag eòlas 's a tha aig oileanaich air dualchas Ceilteach na dùthcha agus air eachdraidh is cultar nan Gàidheal. Tha an dìth oideachaidh seo a' togail cheistean bunaitich mun dòigh foghlaim ann an Alba. [Robasdan ann an Wilson McLeod (deas.), *Revitalising Gaelic in Scotland* (Dùn Èideann, 2006), 105]

Bithidh e follaiseach bho na briathran sin gu bheil rudeigin fada fada ceàrr leis an fhoghlam a tha Gàidheil òga a' faighinn anns na sgoiltean. Seo a' bhuidheann de sgoilearan air am bi an t-uallach an ath ghinealach de Ghàidheil àrach agus a theagasg. Chan aithnich iad mòran idir mu dhualchas, eachdraidh no cultar nan Gàidheal. Dè seòrsa ceangail a th' aca ris a' chànan? Dè an dòigh anns a bheil iad a' coimhead air a' chànan, anns a bheil iad a' coimhead orra fhéin mar Ghàidheil – ma tha idir? Dé seòrsa féin-iomhaigh a th' aca mar Ghàidheil?

Mholainn gu mór do'n Bhòrd a bhith a bhith a' gabhail sealladh nas uile-ghabhailtaiche, *a more holistic perspective*, a' toirt a-steach cànan, cultar, agus eachdraidh còmhla. Chan e a-mhàin gum feum sinn 'foghlam troimh mheadhan na Gàidhlig'. Feumaidh sinn 'foghlam Gàidhlig' fhéin.

For any social grouping to have a collective identity there has to be a shared interpretation of the events and experiences which have formed the group over time. Sometimes this will include an accepted belief about the origins of the group, as in the case of many nation-states; or the emphasis may be on vivid turning points and symbolic moments which confirm the self-image and aspirations of the group. ... Without an awareness of a common past made up of such human detail, men and women could not easily acknowledge the claims on their loyalty of large abstractions. [John Tosh, *The Pursuit of History* (Harlow, 2006), 3]

Anns an t-suidheachadh a th' againn an-dràsda, 's e *large abstraction* a th' anns a' Ghàidhlig, agus cha bhuannaich i dìlseachd an luchd-bruidhinn – gu h-àraid an fheadhainn òga – a-chaidh mur a h-eil iad a' faireachdainn gu bheil ceanglaichean daingeann cultarach agus eachdraidheil eadar iad fhéin agus an cànan, 'gan cruthachadh, 'gam brosnachadh agus 'gan cumail suas 'nam measg.

Mar sin, tha amharas orm gu bheil e cudromach sùil gheur a thoirt air na bhios an luchd-teagaisg a' teagasg anns na sgoiltean anns a' cheud àite, a thuilleadh air a bhith a' feuchainn ri barrachd luchd-teagaisg a thàladh do'n obair. Eadhan ma tha dà uibhir de luchd-teagaisg anns na sgoiltean na th' againn an-dràsda, ma tha rudeigin ceàrr leis an t-siostam foghlaim anns a bheil iad ag obair air a' cheud dol a-mach – agus bho na chunnaic mi, saoilidh mi gu bheil – tha sinn a' caitheamh maoinis agus ghoireasan gun chiall. Bhitheadh e feumail àrdachadh prìomhachais a thoirt do:

td.29

Leudachadh air leasachadh stuthan foghlaim aig a h-uile h-ìre, a dh' aona ghnòthaich airson curraicealam cuimsichte air Gàidhlig

Expand the development of educational materials for all levels, specifically tailored for a Gaelic-oriented curriculum

Agus:

td.27

Leudachadh agus ullachadh iomchaidh air solar, leasachadh curraicealaim, iarrtas agus leantanas foghlam tro mheadhan na Gàidhlig is ionnsachadh Gàidhlig

Expand and resource appropriately the provision, curricular development, uptake and continuity of Gaelic-medium education and Gaelic learning

Plana, 28

Bòrd na Ceiltis Alba

Chan eil e soilleir carson nach eil iomradh air na roinnean Ceilteach anns na h-oilthighean an seo, ach gu bheil luaidh air Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a-mhàin. 'S ann do na roinnean Ceilteach a tha a' mhór-chuid de Ghàidheil òga fhathast a' dol airson foghlam Gàidhlig a thoirt a-mach aig an treas ìre, agus tha ìomhaigh phoblach nan roinnean sin – agus an cliù sgoilearail eadar-nàiseanta a th' aca – gu math àrd. Mholainn gu làidir do Bhòrd na Gàidhlig Bòrd na Ceiltis Alba a chur a-steach mar aon de na Prìomh Bhuidhnean.

Plana, 28

Foghlam: Treas-Ìre is Fad-Beatha

Ged a tha am Bòrd ri mholadh airson mar a thathas a-mach air leudachadh ghoireasan do luchd-ionnsachaidh inbheach, cha téid leis na leasachaidhean sin mur an toirear an aire cuideachd do'n chruaidh-fheum a th' ann air modhan-teagaisg agus stuthan-teagaisg nas éifeachdaiche na gheibhear gu cumanta an-dràsda. Feumar tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air na ceistean sin – agus cuideachd air a' cheist am biodh e comasach cothrom a thoirt do dhaoine a tha airson ìre fileantachd a ruigsinn fòrladh a ghabhail bho'n obair ach am bi iad a' frithealadh chùrsaichean làn-tìde.

Plana, 24–9

Foghlam

Anns an fharsaingeachd ann an roinn an fhoghlaim tha feagal orm gu bheil fada cus cuideim 'ga chur leis a' Bhòrd air prìomhachasan figearail – àireamh an luchd-teagaisg anns na sgoiltean, àireamh na cloinne anns na cròileagan, àireamh nan sgoilearan anns na sgoiltean, àireamh nan oileanach ann am foghlam Gàidhlig-mheadhanach aig an treas ìre. Tha mi a' tuigsinn gu ro mhath carson a tha sin – feumaidh am Bòrd sealltainn do'n luchd-poilitigs gum bi na h-amaisean aca air an coilionadh, agus tha luchd-poilitigs dualach a bhith ag éisdeachd ri figearan.

Ach ma tha am Bòrd ann an da-rìribh airson piseach a thoirt air foghlam Gàidhlig aig gach uile ìre, feumaidh iad coimhead seachad air na figearan, agus sùil nas géire a thoirt air na modhan-teagaisg agus air na stuthan-teagaisg am broinn nan sgoiltean, am broinn nan colaisdean. Bithidh sgoilearan òga a' dol do na h-ionadan Gàidhlig airson bhliadhnachan; air an aon dòigh bithidh oileanaich inbheach a' frithealadh nan clasaichean-oidhche Gàidhlig airson bhliadhnachan. Chan eil ach glé bheag de gach buidhinn a thig a-mach le eadhan faisg air ìre fileantachd anns a' chànan. 'S e cnag na cùise gu bheil rudeigin fada ceàrr a' dol air adhart an seo. Tha fhios gu bheil e glé chothromach gum bi am Bòrd a' coimhead air na figearan, rud a ghabhas a thomhais gu sìmplidh agus gu dìreach. Ach, feumaidh iad coimhead air a' bhrìgh cuideachd – ceist a tha tòrr nas toinnte agus nas duilghe a fuasgladh: modhan-teagaisg; stuthan-teagaisg; curraicealam.

Plana, 34**Rannsachadh is sgrùdadh air dualchas na Gàidhlig**

Tha an earrann seo a' coimhead air an dualchas mar gur e rud stéidhte neo-chaochlaideach a th' ann. Ach ann an da-rìribh chan eil an dualchas coltach ri ollag 'na laighe anns an talamh a ghabhas dùsgadh le geimhleag! Feumaidh dualchas a bhith mar gum biodh air ùrachadh, air ath-chruthachadh, agus air eadar-mhìneachadh fad an t-siubhail, ach am bi e a' solarachadh dhuinn, mar a chanas na h-eachdraichean, *usable past*. Feumaidh gach ginealach 'dualchas ùr' a chruthachadh a fhreagras air na seallaidhean agus air na h-ùidhean sònraichte aca fhéin.

Mholainn gu mór do'n Bhòrd gum bu chòir dhaibh 'Rannsachadh is sgrùdadh air dualchas na Gàidhlig' a ghluasad suas an clàr phrìomhachasan, fhad 's gum bi e mar uallach air an luchd-rannsachaidh cuideachd toraidhean an cuid rannsachaidh a sgaoileadh do'n mhór-shluagh. Chan urrainnear eadhan toiseach tòiseachaidh a dhèanamh air dualchas na Gàidhlig a mhìneachadh agus a chraoladh mur a h-eil an dualchas sin air a rannsachadh agus air a sgrùdadh a-réir slatan-tomhais sgoilearachd an latha an-diugh air a' cheud dol a-mach.

Plana, 34**Cinnt gu bheil mìneachadh dualchais sa Ghàidhlig aig àrd-ìre agus earbsach**

Air an aon dòigh ri td.28, cha thuig mi carson nach eil luaidh air Bòrd na Ceiltis Alba am measg nam Prìomh Bhuidhnean. 'S ann anns na Roinnean Ceilteach, Sgoil Eòlais na h-Alba, agus Sabhal Mór Ostaig a tha cha mhór gach uile pìos rannsachaidh mu dhualchas na Gàidhlig a' dol air adhart an-dràsda. 'S iad sin na buidhnean bu chòir a bhith a' meas ma tha am mìneachadh seo 'aig àrd-ìre agus earbsach', 's cinnteach?

Plana, 59**Prògram de chuairtean cunbhalach dràma sgoile**

B' fheàrr leam 'teatair ann am foghlam'/'*theatre in education*' fhaicinn an àite 'dràma sgoile' – ach am bi an dràma a dh' aona ghnòthaich a' freagairt air curraicealam na sgoile agus iarrtasan agus feumannan an luchd-teagaisg agus na cloinne, ann an coitheacs obair-sgoile, an àite dìreach a bhith 'na thachartas air leth airson aon leth-latha no aon oidhche, agus an uair sin a-mach leo a dh' àiteigin eile.

Plana, 58**Coimhearsnachd**

'S dòcha gum biodh e na b' fheumaile, an àite 'iomairt' eile a bhrosnachadh anns na coimhearsnachdan, a bhith a' leantainn molaidhean Màiri Bremner anns a' *Scotland on Sunday* air an 9 Samhain: mar a tha mi 'ga tuigsinn, a bhith a' cruthachadh agus a' brosnachadh rùmannan sòisealta/*social spaces* agus chothroman/*opportunities* anns na coimhearsnachdan às an éirich seallaidhean Gàidhlig agus guth Gàidhlig a riochdaicheas muinntir nan coimhearsnachd – fealla-dhà, spòrs, coinneamhan &c.

Plana, 59**Rannsachadh, sgaoileadh agus coileanadh modh-math ann am mìneachadh dà-chànanach**

Cha chreid mi gum biodh *rannsachadh* anns a' chuspair seo buileach feumail. Tha 'modh-math' mìneachadh dà-chànanach stéidhte mar-thà ann an cultaran dà-chànanach air feadh an t-saoghail – an àite a bhith a' caitheamh maoinneas agus tìde air

tuilleadh sgrùdaidhean de'n t-seòrsa sin, 's e a bhith a' sgaoileadh nam modhan sin an amais as cudromaiche.

Plana, 59

Bòrd na Gàidhlig: Rannsachadh

Ged a tha suirbhidhean àireamhachail feumail gu leòr air adhbharan poilitigeach, ris an fhìrinn ìnnse chan innis iad mòran mu mar a tha cùisean ann an da-rìribh; nas motha na sin, tha e ro fhurasda car a chur annta: tha iad ro bhualteach a bhith meallta. 'S e rannsachadh domhainn mionaideach 'air an talamh' aig ìre na coimhearsnachd, agus am mion-fhiosrachadh a thig às, na rudan as cudromaiche a th' ann an-dràsda do leasachadh a' chànain. Chanainn:

Adhartachadh air leudachadh anns a' chomas gus sgrùdadh a dhèanamh air toraidhean rannsachaidh (chàileachdail agus àireamhachail), suirbhidh is dearcnachaidh.

Promote expansion in the capacity to analyse Gaelic research (qualitative and quantitative), survey and monitoring results.

Stiùireadh, 19 & 22

Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

Nach eil an àireamh 40% caran lag mar shlat-tomhais foghlam troimh mheadhan na Gàidhlig? 'S dòcha gu bheil deagh adhbharan poilitigeach ann airson sin, ach mholainn do'n Bhòrd 25% fheuchainn co-dhiù: leis an fhigear sin, bhiodh an dleasdanas sgoiltean Gàidhlig a sholarachadh a' gabhail a-steach a' chòrr de'n Eilean Sgitheanach, Loch Aillse, Ìle – agus 's mathaid Eilean Cholasa cuideachd. Bhitheadh e a' cur barrachd uallach air Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid, ach 's dòcha nach b' e rud dona a bhiodh sin idir. Aig an aon àm, bhitheadh am Bòrd a' toirt barrachd taic do na Gàidheil ann an Ceann-a-Deas na Gàidhealtachd, ceann-dùthcha aig a bheil cruaidh-fheum air taic bhuainn.

Targaidean

Anns an fharsaingeachd, tha amharas agam nach eil targaidean a' Bhùird làidir no gu dearbh soilleir gu leòr. Bhitheadh e na b' fheumaile barrachd fhigearan fhaicinn a sheasadh mar shlatan-tomhais amaisean a' Bhùird air feadh na dreachd.

A-rithist, ged a tha fios agam gur e plana cóig bliadhna a tha fainear do'n Bhòrd, cha bhiodh e às an rathad idir sealladh nas fhaide agus nas fharsainge a ghabhail cuideachd. Ciamar a tha am plana cóig-bliadhna a' freagairt air coitheacs nan deicheadan a tha romhainn? Gu dé na tuairmsean a th' aig a' Bhòrd mu àireamhan luchd-bruidhinn na Gàidhlig ann an 2021, no eadhan 2031? Bhitheadh siud cuideachd a' leigeil fhaicinn do na h-urracha móra gu bheil am Bòrd a' sùileachdainn gum bi e fad-shaoghalach agus air an stiùir airson iomadach bliadhna fhathast!

Cànan

Uaireannan chan eil a' Ghàidhlig anns an dreachd buileach cho soilleir 's a dh' fhaodadh i bhith. Tha 'Èarr-ràdh', mar eisimpleir, nas fheàrr na 'Èarr-sgrìobhaidh', agus as bith có chruthaich am facal 'Glosaraidh' [*Plana*, 60], bu chòir dearg nàire a bhith air no oirre!

td.52

Aon rud eile: an e ‘Uniformed approach’ no ‘Uniform approach’ a tha am Bòrd ag iarraidh ‘ann a bhith a’ làimhseachadh aithrisean’? No a bheil sinn air ais aig a’ ‘phoileas Ghàidhlig’ a-rithist?!

Tha mi duilich a bhith cho briathrach, ach ’s e seo gnothaich cho cudromach do’n chànan a tha air a bhith ann airson iomadach bliadhna. Tha mi’n dòchas gun soirbhich leis a’ Bhòrd anns an iomairt a th’ aca. Buaidh is piseach leibh.

Le dùrachd,

Domhnall Uilleam Stiùbhart
Dùn Éideann

Tha mi toilichte na beachdan agam fhoillseachadh gu poblach: Tha

Tha mi toilichte m' ainm agus mo sgìre fhoillseachadh gu poblach: Tha